

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Èisteachd)


Grand Total

**X229/11/01**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2014

DIMAIRT, 20 AN CÈITEAN  
9.30 AM – 10.00 AM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd  
(Ceistean)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2014

TUESDAY, 20 MAY  
9.30 AM – 10.00 AM

GÀIDHLIG  
INTERMEDIATE 2  
Section A: Listening

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 30 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà phàirt anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson **Pàirt 1**.

Cluinnidh tu **Pàirt 1** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson **Pàirt 2**.

Cluinnidh tu **Pàirt 2** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



## CEISTEAN

## Pàirt 1

1. A bharrachd air Alba, dè an dà sgìre eile às an tàinig prògraman anns an t-sreath seo?

---



---

2

2. Cia mheud duine a tha a' fuireach air Eilean Mhanainn?

---

1

3. (a) Ainmich **dà** rud anns an eilean a tha an urra ris an Rìoghachd Aonaichte?

---



---

2

- (b) Cò aig a bheil uallach airson gnothaichean an eilein fhèin?

---

1

4. Càit am bi Eilean Mhanainn air a riochdachadh mar dhùthaich ann an spòrs?

---

1

5. (a) Dè tha anns an *Tourist Trophy*?

---

1

- (b) Dè am feum a tha an *Tourist Trophy* a' dèanamh dha eaconamaidh an eilein?

---



---

2

*Comharraidhean*

6. Cò ris a tha a' Chaora Mhanainneach coltach?

---



---

**2**

7. Dè na dòighean anns a bheil an Cat Manainneach diofraichte bho chat àbhaisteach?

---



---



---

**3**

**(15)**

**[Tionndaidh an duilleag**

**CEISTEAN**

**Pàirt 2**

1. Dè na rudan anns a bheil ùidh aig sluagh Eilein Mhanainn?

---



---



---

3

2. Carson a bhiodh e doirbh do Ghàidheil na h-Alba Gàidhlig an eilein seo a leughadh?

---



---

2

3. Dè thachair do Ghàidhlig an eilein anns an fhicheadamh linn?

---



---

2

4. (a) Dè thachair ann an 2001?

---

1

(b) Dè tha a' dearbhadh gu bheil sin air a bhith soirbheachail?

---



---

2

*Comharraidhean*

5. (a) Dè an dà dhòigh anns an tigeadh sluagh an eilein beò anns na linntean a dh'fhalbh?

---



---

2

(b) Dè am biadh traidiseanta a tha aig Eilean Mhanainn?

---

1

6. Dè tha air a ràdh mu iomain san eilean san latha an-diugh?

---



---

2

**(15)**

**[30]**

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG BHÀN]**

**[DUILLEAG BHÀN]**

**MARKER'S GRID**

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / <b>30</b>
Section B (i)	Leughadh / <b>30</b>
B (ii)	Sgrìobhadh / <b>30</b>
<b>Grand Total</b>	<b>90</b>



# X229/11/11

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2014

DIMAIRT, 20 AN CÈITEAN  
9.30 AM – 10.00 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2014

TUESDAY, 20 MAY  
9.30 AM – 10.00 AM

GÀIDHLIG  
INTERMEDIATE 2  
Section A: Listening Transcript

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

**Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh.**

**Roinn A**

**Pàirt 1 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

## **EARRANN**

**Tha sibh ag èisteachd ri Radio nan Gàidheal. An-diugh, cluinnidh sibh Cailean MacAonghais anns a' phrògram mu dheireadh den t-sreath *Eileanan*.**

**Pàirt 1**

An dèidh dhuinn ùine a chur seachad air eileanan taobh siar na h-Alba, eileanan taobh siar na h-Èireann agus eileanan taobh sear Chanada, tha sinn an-diugh a' tadhal air an eilean mu dheireadh mun faigh sinn a-mach anns an t-sreath seo. An-diugh, gheibh sinn a-mach mu Eilean Mhanainn a tha na laighe anns a' chuan eadar Èirinn agus Alba.

Tha mu ochdad mìle neach a' còmhnaidh air an eilean agus 's e Dùghlas am prìomh bhaile. Tha tomhas math de fhèin-riaghladh aig an eilean. 'S ann air an Rìoghachd Aonaichte a tha uallach airson dìon agus cùisean eadar-nàiseanta ach tha gnothaichean an eilein fhèin air an riaghladh le Pàrlamaid Eilein Mhanainn. Tha an t-eilean cuideachd neo-eisimeileach, gu ìre, ann an saoghal spòrs. Bidh e air a riochdachadh mar dhùthaich aig cuid de na geamannan mòra eadar-nàiseanta.

Tha Eilean Mhanainn ainmeil air feadh an t-saoghail air sgàth rèis mhòr nam motair-baidhsagalan a ghabhas àite ann gach bliadhna. Thòisich an Tourist Trophy no an TT ann an 1907. Mairidh i airson dà sheachdain tràth anns an t-samhradh. Bidh an rèis a' cur gu mòr ri eaconamaidh Eilein Mhanainn oir tha i a' tarraing mòran dhaoine 's airgid a-steach dhan àite.

Tha an t-eilean cuideachd ainmeil ri linn dà bheathach annasach a tha a' fuireach ann. Tha na caoraich Mhanainneach dorcha donn agus tha ceithir adhaircean orra. Tha na cait Mhanainneach eadar-dhealaichte bho chait àbhaisteach. Tha earball glè ghoirid orra, tha an casan deiridh nas fhaide agus tha barrachd dhathan orra. Tha an cat Manainneach cho sònraichte 's gu bheil e a' nochdadh air buinn airgid agus stampaichean an eilein.

**After the second reading of Pàirt 1, wait for 5 minutes, and then read Pàirt 2.**

**Pàirt 2 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)**

## **Pàirt 2**

Ged a tha Beurla air buaidh mhòr a thoirt air cultar an àite 's i Gàidhlig an cànan dùthchasach a tha aig an eilean. Chun an latha an-diugh, tha ùidh mhòr aig an t-sluagh nan cànan, nan eachdraidh agus nan dualchas. Ged a tha Gàidhlig Eilein Mhanainn coltach, gu ìre, ris a' Ghàidhlig againn fhèin, bhiodh e glè dhoirbh dhuinn a leughadh. Tha aibidil 's litreachadh aice a tha gu tur eadar-dhealaichte.

Dh'fhàs suidheachadh Gàidhlig an eilein gu math iseal anns an fhicheadamh linn agus cha mhòr nach do bhàsaich i. Anns na bliadhnachan mu dheireadh gè-tà, tha cor a' chànain air a bhith a' togail air. Ann an 2001, dh'fhosgail bun-sgoil Ghàidhlig air an eilean. Tha an sgoil seo air a bhith soirbheachail agus tha na h-àireamhan de sgoilearan a bhios a' dol innte air èirigh gu mòr bhon a dh'fhosgail i an toiseach.

A bharrachd air cànan, tha dòigh-beatha Eilean Mhanainn agus Gàidhealtachd na h-Alba coltach ri chèile. Tro na linntean a dh'fhalbh, thigeadh sluagh an eilein beò air na bha na croitearan a' cur san talamh agus air na ghlacadh na h-iasgairean sa mhuir. Chun an latha an-diugh, tha bùntata 's sgadan air fhaicinn mar phrìomh bhiadh traidiseanta an dà sgìre. Tha ceangal cuideachd eadar Eilean Mhanainn agus Gàidhealtachd na h-Alba a thaobh spòrs. Mus tàinig ball-coise chun an eilein aig toiseach an fhicheadamh linn, b' e iomain prìomh spòrs an àite. Tha iomain air a chluich fhathast agus tha e glè choltach ris an t-seòrsa iomain a tha air a chluich ann an Alba.

Uill, tha am prògram air tighinn gu ceann ach, anns an dealachadh, bu toigh leam a ràdh gun do chòrd an ùine a chuir mi seachad air Eilean Mhanainn gu mòr rium. 'S e eilean air leth inntinneach a tha ann agus mholainn dhan luchd-èisteachd tadhal air an àite àlainn a tha seo.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

**[DUILLEAG BHÀN]**

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)

--

**X229/11/02**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2014

DIMAIRT, 20 AN CÈITEAN  
10.20 AM – 12.00 NOON

**GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2**  
Roinn B (i): Leughadh  
Roinn B (ii): Sgrìobhadh

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2014

TUESDAY, 20 MAY  
10.20 AM – 12.00 NOON

**GÀIDHLIG  
INTERMEDIATE 2**  
Section B (i): Reading  
Section B (ii): Writing

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 60 comharradh anns a' phàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu am beàrn air fad.)

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



## EARRANN

**An deuchainn dràibhidh**

Nuair a thàinig Ealasaid far a bhàt'-aiseig aig toiseach saor-làithean an t-samhraidh, bha fadachd oirre gus am faiceadh i a seanmhair agus a caraidean a-rithist. Cha robh guth aice mun bhuidhe a bhiodh aice air beatha iomadh duine air an eilean, air Seumas agus air cat Màiri. Bha Ealasaid gu bhith seachd bliadhna deug, agus ged nach canadh tu gun robh i uabhasach brèagha, cha robh i grànda na bu mhò – bha i mar a tha a' mhòr-chuid de dhaoine – dìreach àbhaisteach.

Cha robh cuimhne aig duine cuin a ghabh Seumas ùidh ann an càraichean an toiseach. Bhiodh a mhàthair ag ràdh gur e “càr” a' chiad fhacal a thuir e riamh, ach cha robh athair cho cinnteach. Bha esan den bheachd gur e facal doirbh a bha sin do leanabh. Aig aois còig bha trì cheud càr aig Seumas, agus dh'innseadh e dhut cuin agus càit an d' fhuair e gach càr.

Mun àm a bha e naoi bliadhna a dh'aois, bhiodh e a' dèanamh modailean chàraichean. Bha aon fhear aige agus bha e gu h-àraid moiteil às – Aston Martin DB5 – coltach ri càr James Bond. Bha suas ri ceud pìos ann, agus thug e cola-deug mus do chuir e crìoch air.

Bha a mhàthair air leth toilichte leis a' chàr nuair a bha e deiseil, agus mhol i Seumas airson cho snasail 's a bha e air a chur na chèile agus cho math 's a bha e air a pheantadh. Bha athair a' miannachadh gun robh airgead gu leòr aige airson càr mar siud a cheannach.

Bha Seumas a-nis seachd bliadhna deug agus bha e air bhoil airson deuchainn an dràibhidh a shuidhe. Bha e air còig seachdainean de na saor-làithean a chur seachad ag obair còmhla ri nàbaidh, Seonaidh, air a' bhàt'-iasgaich aige airson airgead gu leòr a chruinneachadh airson a chàr fhèin fhaighinn.

B' ann mìos ro latha na deuchainn a choinnich Seumas ri Ealasaid an toiseach. An dèidh sin, bhiodh iad còmhla tric.

Nuair a dhùisg Seumas latha na deuchainn, bha e gu math nearbhasach agus bha crith na làmhan. Cha robh e a' tuigsinn carson oir bha e air seachdainean a chur seachad ag ullachadh gu math airson na deuchainn. Bha amharas aig Seumas gun robh e nearbhasach air sàillibh 's gun robh a charaid, Ailean, a' feuchainn air cead dràibhidh fhaighinn cuideachd an latha ud.

Thòisich an deuchainn mu dheireadh. Bha cùisean a' dol gu math do Sheumas gus am faca e Ailean agus Ealasaid a' coiseachd làmh ri làmh air taobh eile an rathaid. Chuir sin Seumas troimhe-chèile. Cha robh mòran cuimhne aige air dè thachair an dèidh sin ach mu cheithir uairean feasgar bha fios aige nach faigheadh e cead dràibhidh oir bha e air cat Màiri a leòn, feansa Thormoid a leagail, an càr a chur dhan dig agus am fear-sgrùdaidh a chur dhan ospadal. Thàinig Seumas fhèin a-mach às an tubaist gun leòn air, agus gun sìon briste ach a chridhe.

Airson Ailein, bha esan toilichte oir b' e a' chiad duine air a' chlas aige san sgoil a fhuair cead dràibhidh agus bha e air coinneachadh ri nighean òg air an robh Ealasaid.

**CEISTEAN**

1. Dè an t-àm den bhliadhna a bha ann?

---

1

2. Cò bhiodh Ealasaid a' faicinn a dh'aithghearr?

---



---

2

3. Cò air an toireadh Ealasaid buaidh anns na saor-làithean?

---



---



---

3

4. Sgrìobh **TRÌ** nithean mu choltas Ealasaid.

---



---



---

3

5. Nuair a bha e còig bliadhna a dh'aois, dè am fiosrachadh a bha aig Seumas mun h-uile càr a bha aige?

---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

6. (a) Dè am beachd a bha aig màthair Sheumais air a' mhodail a rinn e de chàr James Bond?

---



---



---

3

- (b) Dè smaoinich athair Sheumais nuair a chunnaic e am modail?

---



---

2

7. Dè bha Seumas air a dhèanamh airson feuchainn ri càr a cheannach dha fhèin?

---



---



---

3

8. (a) Dè tha a' sealltainn gun robh Seumas nearbhasach latha na deuchainne?

---

1

- (b) Carson a chuir e iongnadh air Seumas gun robh e a' faireachdainn mar sin?

---



---

2

9. Dè chunnaic Seumas a thug droch bhuaidh air san deuchainn?

---



---

1



10. Ainmich **TRÌ** nithean a chaidh ceàrr nuair a bha Seumas a' dèanamh na deuchainn.

---



---



---

3

11. Dè thachair do Sheumas anns an tubaist?

---



---

2

12. Carson a bha Ailean a' faireachdainn toilichte mun latha?

---



---

2

**(30)**

[CRÌOCH ROINN B(i)-LEUGHADH]

**Roinn B(ii): Sgrìobhadh**

**Ùine: 60 mionaid (moladh)**

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

- |  |      |
|--|------|
| 1. Air mo nàrachadh.                     | (30) |
| 2. An seann taigh.                       | (30) |
| 3. Mo charaid.                           | (30) |
| 4. An t-slighe air adhart do Alba.       | (30) |
| 5. An fharpais.                          | (30) |
| 6. Beachd airson prògram ùr telebhisean. | (30) |
| 7. An Fhèis-ciùil.                       | (30) |
| 8. Cha dèan mi sin a-rithist.            | (30) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)– SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG BHÀN]**

## ACKNOWLEDGEMENT

Roinn B(i): Leughadh – Extract is adapted from “*An Deuchainn Draibhidh*” by Calum MacKinnon. Reproduced by kind permission of Calum MacKinnon.